

LAOIDH ELSIE: (Laoidh a tha gleidhte aice ann lamh-sgrìbhinn)

Dol seachad an garradh sheas mi tamull leam fhin  
Dh'eisdeachd guth Aon bha'n sin rinn beantuin ri'm chridh  
Guth briste le gul bha dol suas chun na neamh  
Thagradh cuisean nam peacach ann an amhghair 's am pein

Chuir E suas chum nan neamh urnuigh thruacanta chiuin  
a labhairt mun truaighe thug am peacadh air daoine  
A bheatha mar iobairt do thairg a thoirt suas  
chum iadsan bhi beo anns na flaitheas bith-bhuain

Dh'eisd mi ris car uine sin sheall mi ma'n cuairt  
Feuch co a bha'n sud le cridh cho lan truais  
Nuair feuch air an talamh fhuar reota se caoidh  
'N t-Aon bu mhaisich 's bu ghlormhor a rugadh le mnaoi

Bha a chiabhan a' sruthadh le dealta na h-oidhche  
bha fhalluinn mu'n cuairt air fliuch, fhuar leis an driuchd  
Shuilean dealrach mar dhaoimein togte suas chun na neamh  
mu thimcheall bha ainglean gabhail iongnadh ra bheus

Bha chradh 'se cho domhainn agus'urnaigh cho tlath  
gun do shruth le bhroillich fallus, fuil agus deoir  
Ghuil mise 'ga fhaicinn agus dh'fheoraich mi 'ainm  
Fhuil agus deoir 's mi fiosa a neamh 'ga do ghairm.

Is Mise t'Fhear-saoraidh, air do sgath gheibh mi 'm bàs  
tha an cupan seo searbh ach 'ga òl tha mi'n sàs  
Leig orm-sa do pheacadh tha 'nam beannta ro-mhor  
air do shon. Ni mi'n giulan ged 's ann trid do-bhron.

Dh'eisd mi le ro aire naigheachd chianail a' bhais  
shruth na deoir le mo shuilean iad a' tuiteam gu lar  
is chraidh e mo chridhe 'g ieisdeachd aobhar a chlaoidh  
Thuit mi sìos aig a chasan fo eagal 's mi caoidh.

Do chrith mi le uabhann agus ghlaodh mi gu h-ard,  
"Thighearn saor peacach truaillidh, O saor mi o'n bhas."  
Thug E suil orm an caoimhneas 'n sin thuirt E " Mair beo  
Gheibh thu maitheanas gu saidhbhir as a'pheac' rinn do leon."

Cia milis an uair thuirte rium mi bhi ait  
Cia milis 's cia blasda 's cia caoimhneil a chainnt.  
Sin ruith mi le aoibhneas bho'n gharadh 'ga inns'  
agus ghlaodh mi mach, "Slainte! O gloir bhith do Dhia!"